



# PLANA GÀIDHLIG 2016 - 2021



## Clàr-innse

<b>Facal-toisich</b>	3
<b>Geàrr-iomradh</b>	4
<b>Caibideil 1</b> Ro-ràdh	6
<b>Caibideil 2</b> Geàrr-iomradh air coileanaidhean 2010 gu 2015 agus obair a' leantainn	12
<b>Caibideil 3</b> Gnìomhan san amharc	20
<b>Caibideil 4</b> Buileachadh a' Phlana Nàiseanta	22
<b>Caibideil 5</b> Buileachadh agus sgrùdadh	25

Tha am plana seo air ullachadh fo Earrann 3 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus aonta deireannach le Bòrd na Gàidhlig air 15 Dùbhlachd 2016.

Is e plana còig bliadhna a th' anns a' phlana a thòisicheas air a' cheann-latha air am faigh e aonta bho Bhòrd na Gàidhlig.

## Facal-toisich

Tha Stòras Mara Cailleanach Eta (CMAL) a' cur fàilte air a' chothrom cur ri cultar eadar-mheasgte na h-Alba tro adhartachadh agus cleachdadh air a' Ghàidhlig tron phlana seo.

Tha mi mothachail gum bi feum aig Plana Nàiseanta na Gàidhlig air oidhirp cho-òrdanaichte bho na h-ùghdarrasan poblach uile ann an Alba, agus cuidichidh an dàrna ath-aithris seo air a' phlana againn CMAL gu bhith a' togail air a thaic agus ag adhartachadh àite na Gàidhlig an taobh a-staigh ar n-àite-obrach agus sna coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh tro sheirbheisean aiseig Chluaidh agus Innse Gall.

Tha sinn a' cur luach air an taic a tha Bòrd na Gàidhlig air a thoirt dhuinn gus am plana againn a bhuileachadh agus tha sinn a' coimhead air adhart ri ar seirbheisean a neartachadh do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, agus ìomhaigh na Gàidhlig a thogail mar chànan oifigeil is aithnichte ann an co-rèir ris an stiùireadh a tha air a mhìneachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Às leth Bòrd Stiùiridh CMAL, tha mi toilichte taic agus aonta a chur ris a' Phlana Ghàidhlig seo.



**Erik Østergaard**  
Cathraiche, Stòras Mara Cailleanach Eta

## Geàrr-iomradh

Tha CMAL a' tuigsinn gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt iomlan de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba. Tha CMAL dealasach a thaobh nan cinn-uidhe a tha air an cur sìos ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus air sreath de dh'iomairtean is structaran taic a stèidheachadh gus cuideachadh le dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd.

Tha CMAL a' tuigsinn gu bheil suidheachadh na Gàidhlig air leth cugallach agus ma tha a' Ghàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, tha feum air oidhirp cho-òrdanaichte a thaobh an riaghaltais, am poball, na roinnean poblach, prìobhaideach agus treas, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth, gus:

- inbhe na Gàidhlig a neartachadh
- togail agus ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh
- meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh

Tha an sgrìobhainn seo mar an dàrna ath-thriall den Phlana Ghàidhlig aig CMAL, air ullachadh an taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a leanas sinn air a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an cur ar n-obraichean an gnìomh, mar a chomasaicheas sinn cleachdadh air a' Ghàidhlig nuair a thathar a' conaltradh ri coimhearsnachdan ionadail agus ri ar prìomh chom-pàirtichean agus mar a dh'àrdaicheas sinn inbhe na Gàidhlig.

Tha Plana Gàidhlig CMAL air ullachadh ann an co-rèir ri slatan-tomhais reachdail a tha mìnichichte ann an Achd na Gàidhlig 2005, agus le urram do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

## Structar a' Phlana Ghàidhlig

Is iad prìomh phàirtean ar Plana Gàidhlig:

### Caibideil 1

Ro-ràdh

Tha a' chaibideil seo a' solarachadh an cùl-fhiosrachaidh agus an co-theacs co-cheangailte ri deasachadh air Planaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus structar prìomh raointean obrachaidh CMAL. Tha e a' toirt geàrr-iomradh cuideachd air sluagh-thomhas na Gàidhlig anns na sgìrean ann an Alba a tha còmhdaichte le Seirbheis Aiseig Chluaidh agus Innse Gall.

### Caibideil 2

Geàrr-iomradh air coileanaidhean 2010 gu 2015 agus obair a' leantainn

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a tha CMAL air Gàidhlig a chleachdadh agus air a dhèanamh comasach Gàidhlig a chleachdadh a thaobh ar prìomh obrachaidhean gnothachais tro bheatha a' chiad ath-thriall den phlana againn (2010 gu 2015). Tha e a' còmhach prìomh raointean leithid dearbh-aithne chorpóra, soidhneachd, conaltradh leis a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làraich-lìn againn.

### Caibideil 3

Gnìomhan ùra san amharc

Tha a' chaibideil seo, ann an cruth plana gnìomha, a' mìneachadh na h-ìre bhunaiteach as ìsle ann an solar Gàidhlig a tha sinn air gealltainn a sholarachadh ann am beatha a' Phlana 2016 gu 2021.

### Caibideil 4

Buadhan poileasaidh don Ghàidhlig: buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a chuidicheas CMAL le buileachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha e a' sealltainn mar a tha sinn a' sùileachadh ri cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh ann am planadh agus liubhairt seirbheis. Tha a' chaibideil seo a' beachdachadh air mar a ghabhas sinn cunntas air a' Ghàidhlig agus air ar Plana Gàidhlig ùr nuair a thathar a' dreachadh poileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra..

### Caibideil 5

Buileachadh agus sgrùdadh

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a bhios buileachadh air ar Plana Gàidhlig ga thoirt air adhart agus mar a bhios buileachadh agus builean air an sgrùdadh.

## Caibideil I Ro-ràdh

### Stèidheachadh co-theacs airson leasachadh Phlanaichean Gàidhlig

#### Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus cur a-mach fios:

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba, a' sùileachadh ri tèarainteachd fhaotainn do dh'ìnbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla.

B' e aon de na prìomh fheartan ann an Achd 2005, an solar a thug comas do Bhòrd na Gàidhlig riatanas a chur air buidhnean poblach gu Planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Bha an solar seo air a dheilbh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil an roinn phoblach ann an Alba a' gabhail a h-àite ann an cruthachadh àm ri teachd a tha seasmhach don Ghàidhlig le bhith a' togail a h-ìnbhe agus a h-ìomhaigh agus a' cruthachadh chothroman dèanadach airson a cleachdadh.

#### Co-chomhairle air dreach Plana Gàidhlig:

Tha Achd 2005 ag iarraidh air buidhnean poblach deasachadh air am Planaichean Gàidhlig a thoirt gu aire phàrtaidhean le ùidh uile. Rinn CMAL co-chomhairle phoblach air an dreach den Plana Gàidhlig aca san Ògmhios 2016, a' cur lethbhreac ann an Gàidhlig is Beurla air an làraich-lìn againn, a' comhairleachadh luchd-ùidhe tro ar e-buileatain, sgaoileadh brath-naidheachd agus lethbhric dheth gu raon de bhuidhnean Gàidhlig.

Tha CMAL air cunntas a ghabhail air 10 riochdachaidhean a chaidh a dhèanamh gun bhuidhinn tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus tha aithisg air a cur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig.

### Tar-shealladh air gnìomhan CMAL agus cleachdadh na Gàidhlig an taobh a-staigh ar raon obrachaidh

#### Cùl-fhiosrachaidh

Is e companaidh ann an sealbh a' phobaill a th' ann an CMAL, le Ministearan na h-Alba mar an t-aon neach-earrann a-mhàin. Tha sealbh aig a' bhuidhinn air aiseagan, puirt agus calaidhean agus air a' bhun-structar a tha riatanach do sheirbheisean deatamach aiseig a tha ag obrachadh air costa an Iar na h-Alba agus Inbhir Chluaidh.

Tha sealbh aig CMAL air togalaichean aig cidheachan is calaidhean ann an còrr air 26 àite air feadh Alba agus tha iad a' tòiseachadh air prògram tasgaidh is leasachaidhean, a chruthaicheas goireasan nas fheàrr: Cleachdadh sinn seo cuideachd mar chothrom air soidhneachd Gàidhlig a chur na lùib. Mar Ùghdarras Calaidh, tha CMAL dealasach a thaobh a dhèanamh cinnteach gu bheil slighe fhosgailte gu na puirt airson treas phàrtaidhean, agus aig an aon àm a' dèanamh cinnteach nach eilear a' beantainn do sheirbheisean deatamach aiseig. A thuilleadh air an sin, tha CMAL a' leigeil talamh air màl aig àireamh de phuirt is de chalaidhean eile.

Tha sealbh aig CMAL air 31 aiseag agus tha iad a' leigeil aon aiseag eile air màl. Tha trì aiseagan gan togail agus gu bhith deiseil airson a dhol an seirbheis tro bheatha an ath-thriall seo de ar plana Gàidhlig. Tha na h-aiseagan uile air an leigeil air màl gu Aiseagan CalMac Eta, an companaidh a tha a' ruith Seirbheis Aiseig Chluaidh is Innse Gall, air slighean gu na h-eileanan is leth-eileanan costa an Iar na h-Alba, ach a-mhàin an MV CANNA, a tha air a h-obrachadh le Aiseagan Eilean Reachrainn Eta ann an Èirinn a Tuath. Tha ainmean nan soithichean uile ann an Gàidhlig is Beurla agus bidh sinn a' brosnachadh a' chompanaidh gu bhith a' gabhail a-steach soidhneachd is èisteachd Ghàidhlig air bòrd, ann an co-rèir ris a' phlana Ghàidhlig aca fhèin, a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla.

Tha CMAL a' fastadh 28 neach, sa mhòr-chuid stèidhichte ann am Port Ghlaschu.

#### Gàidhlig an taobh a-staigh raon obrachaidh CMAL

Tha a' Ghàidhlig air fulangas iongantach a thaisbeanadh mu choinneamh dhùbhlanan a chuireadh na h-aghaidh gu h-eachdraidheil agus gu nuadh-aimsireil, agus a' sealltainn chomharran ath-nuadhachaidh misneachail a tha rim faicinn ann an sluagh-thomhais sònraichte. Tha na puirt agus na h-aiseagan a tha ann an sealbh CMAL, a' frithealadh iomadach coimhearsnachd dùthchail is eilein air feadh taobh siar na h-Alba, a'

## Caibideil I

### Ro-ràdh

a' leantainn

gabhail a-steach cuid de na prìomh choimhearsnachdan Gàidhlig a lorgar san dùthaich seo. A rèir Cunntas-sluaigh 2011, tha 57,375 neach-labhairt Gàidhlig ann an Alba (tuairmse de 1.1% den àireamh-sluaigh) agus gun teagamh sam bith tha an dùmhachd as àirde ann an Innse Gall (le 52% a' labhairt Gàidhlig), air a leantainn leis an Eilean Sgitheanach is Loch Aillse (le 34.3%) agus eileanan far-chladaich Earra-Ghàidheal is Bhòid (5.9%). Cuideachd an taobh a-staigh nan sgìrean air am frithealadh le CMAL, tha 38.3% de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Tiriodh; tha 30.4% ann an Ratharsaigh, air a leantainn le Lios Mòr aig 26.9%.

Mar thoradh air gluasad fad-amail a dh'ionnsaigh sgìrean bailteil, tha timcheall air 10,000 neach-labhairt Gàidhlig a-nis ann am mòr-sgìre Ghlaschu agus a rèir a' Chunntais-sluaigh bha mu 87,000 neach fa leth ag ràdh gun robh 'beagan eòlais air Gàidhlig' aca ann an 2011.

Tha figearan bho Bhòrd na Gàidhlig a' sealltainn gun robh 1,003 neach-cloinne ann an Alba a' frithealadh sgoil-àraich Ghàidhlig ann an 2015-16, bha 3,004 sgoilear clàraichte ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil agus bha 1,193 sgoilear àrd-sgoile ag ionnsachadh Gàidhlig do fhileantaich agus/no cuspairean eile san àrd-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig. Tha na h-àireamhan sin air meudachadh bho 2012-13 agus thathar a' sùileachadh gun dùblaich iad ro 2017.

Tha na mapaichean agus an dàta aig deireadh an sgrìobhainn seo a' solarachadh fiosrachaidh mu àireamhan-sluaigh Gàidhlig ann an Alba agus solar foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig aig gach ìre air feadh Alba.

Tha deagh-ghèan a tha susbainteach don Ghàidhlig air a thaisbeanadh leis a' mhòr-chuid de mhuinntir Alba ann an suirbhidhean air seasamh poblach (m.e. Seasamhan a Thaobh na Gàidhlig, 2011). Tha seo ga nochdadh cuideachd san dòigh a tha Gàidhlig ga deasbad sna meadhanan. A thuilleadh air an sin, nochd Suirbhidh Luchd-tadhail na-Alba a chaidh a ruith le Visit Scotland ann an 2015, gun robh ùidh aig aon trian de luchd-tadhail ann an tuilleadh fhaighinn a-mach mun Ghàidhlig, mar chànan nàiseanta na h-Alba.

Tha Planaichean Gàidhlig a-nis a' ceadachadh do shlighean ionadail is nàiseanta don Ghàidhlig a bhith air an deasbad, ged a tha mòran fhathast ri dhèanamh le leasachadh agus buileachadh ro-innleachdan soirbheachail a thaobh togail comais.

Is iad na leanas cuid de na buidhnean Gàidhlig a tha ag obrachadh an taobh a-staigh choimhearsnachdan air am frithealadh le CMAL ann an 2016:

- **Acair** - stèidhichte sna h-Eileanan an Iar, tha Acair Earranta a' foillseachadh raon fharsaing de leabhraichean Gàidhlig, Beurla agus Dà-chànanach.
- **An Comunn Gàidhealach** - buidheann saor-thoileach carthannais a chaidh a chur air bhonn ann an 1891 gus cànan agus cultar na Gàidhlig adhartachadh. Tha iad a' ruith a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail, prìomh fhèis Ghàidhlig na h-Alba, a thuilleadh air Mòdan ionadail air feadh Alba.
- **An Lòchran** - Ionad Gàidhlig Ghlaschu a tha a' leasachadh agus ag adhartachadh ealain agus cultar na Gàidhlig ann an Glaschu.
- **Clì Gàidhlig** - buidheann inntrigidh is adhartachaidh Gàidhlig a tha ag obair a dh'ionnsaigh ionnsachadh agus inbhe nàiseanta na Gàidhlig adhartachadh; fiosrachadh mun Ghàidhlig agus cùisean Gàidhlig a sgaoileadh; agus gnìomhachadh mar ghuth luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt neo-dhùthchasach.
- **Colaiste a' Chaisteil** (Lews Castle College) - UHI a' tairgsinn àireamh de chùrsaichean Gàidhlig (a' gabhail a-steach prògraman ceum).
- **Colmcille** - a' cur taic ri adhartachadh na Gàidhlig agus na Gaeilge ann an Alba, Èirinn a Tuath agus Poblachd na h-Èireann, agus a' neartachadh nan ceanglaichean eadar na dùthchannan.
- **Comunn na Gàidhlig** - buidheann leasachaidh Gàidhlig a tha ag obair ann an àireamh de raointean gus a' Ghàidhlig a leasachadh. Ach, tha iad gu h-àraid an sàs ann an iomairtean an lùib na coimhearsnachd, foghlam agus dhaoine òga.
- **Comhairle nan Leabhraichean** - am prìomh bhuidheann a tha a' cur taic ri leasachadh sgrìobhaidh sa Ghàidhlig; brosnachadh ùidh ann an leabhraichean Gàidhlig agus stuthan eile co-cheangailte; a' cur taic ri ùghdaran Gàidhlig tro bhuileachadh thabhartasan agus choimiseanan; a' cur taic ri gnìomhachas foillseachaidh na Gàidhlig agus a' meudachadh raon, càileachd agus buaidh litreachais na Gàidhlig.
- **Fèisean nan Gàidheal** - am buidheann a tha a' cur taic ri leasachadh air fèisean oideachas ealain Ghàidhlig stèidhichte sna coimhearsnachdan air feadh Alba. Tha Fèisean nan Gàidheal a' toirt seachad maoineachadh taic agus a' liubhairt phrògraman trèanaidh, agus tha iad an sàs ann am mòran iomairtean a tha ag adhartachadh na Gàidhlig agus a cultair, le cuimse shònraichte air ealain òigridh.
- **Ionad Chalum Chille Ìle** - ionad Gàidhlig is cultarach ann an Ìle a tha a' tairgsinn chothroman ionnsachaidh is foghlaim ann an Gàidhlig.
- **Sabhal Mòr Ostaig** - is e ionad nàiseanta airson cànan is cultar na Gàidhlig a th' anns a' cholaiste seo. Is e colaiste de UHI a th' innte cuideachd, a' tairgsinn raon de chùrsaichean Gàidhlig (a' gabhail a-steach phrògraman ceum) agus tha i stèidhichte san Eilean Sgitheanach.

## Caibideil I

### Ro-ràdh

a' leantainn

- **Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig** - chaidh seo a stèidheachadh gus toradh agus sgaoileadh air goireasan airson foghlam Gàidhlig a cho-òrdanachadh. Tha am buidheann a' solarachadh taic ghoireasan airson foghlam reachdail aig gach ìre agus do ionnsachadh fad-beatha tro phròiseactan sònraichte.
- **Tobar an Dualchais** - an sàs ann an tasgadh nam mìltean de chlàran ann an cruth didseatach, agus rim faotainn air-loidhne. Tha am pròiseact dualchais seo a' toirt cothrom do dhaoine èisteachd ri guthan Gàidhlig thar nam bliadhnaichean.

Tha a' Ghàidhlig cudromach gu cultarach air feadh Alba, le raon de thachartasan agus fhèisean air an cumail gus an cànan 's an cultar mu thimcheall orra a chomharrachadh. Tha eisimpleirean a' gabhail a-steach am Mòd Nàiseanta is Mòdan ionadail agus Fèis Blas.

A rèir rannsachaidh air luach eaconamach is sòisealta na Gàidhlig mar so-mhaoin, a chaidh fhoillseachadh le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean sa Chèitean 2014

- Thuir suas ri 70% de ghnòthachasan a chaidh a cheasnachadh, gu bheil a' Ghàidhlig gu làithreach na so-mhaoin do an ghnòthachas;
- Dh'aithris còrr air leth nan ghnòthachasan 's nan iomairtean a chaidh a sgrùdadh gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh no a' nochdadh mar phrìomh eileamaid sna prìomh ghnìomhachdan, toraidhean is seirbheisean aca.
- Dh'fhaodadh comas luach eaconamach na Gàidhlig mar so-mhaoin do dh'eaconamaidh na h-Alba a bhith eadar £82m agus £149m.
- Tha suas ri dà thrian de na ghnòthachasan a chaidh a sgrùdadh a' toirt iomradh gu bheil a' Ghàidhlig cuibheasach cudromach no gu deatamach cudromach do shoirbheachadh an ghnòthachais.
- Is iad na trì taobhan a tha nam prìomh bhuannachdan as cumanta do ghnòthachasan bho bhith a' cleachdadh Gàidhlig mar so-mhaoin, gu bheil i:
  - Neartachadh sònraichte / neo-choimeasachd thoraidhean / seirbheisean.
  - Neartachadh mothachalachd luchd-ceannach a thaobh ùghdarrachd agus eachdraidh tùsail thoraidhean / seirbheisean.
  - A' meudachadh tarraingeachd thoraidhean / sheirbheisean gu margaidean targaidte.

- Dh'aithris 60% de ghnòthachasan gu bheil cleachdadh na Gàidhlig ann an ghnòthachas / co-cheangal ri Gàidhlig a' neartachadh luach na Gàidhlig sa choimhearsnachd.
- 72% de mheudachadh ann an uair sna coimhearsnachdan ionadail tro chleachdadh na Gàidhlig le buidhnean.

#### Gàidhlig an taobh a-staigh CMAL

Tha Gàidhlig aig aon bhall den luchd-obrach san oifis againn ann am Port Ghlaschu. Tha grunn aig a bheil ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig gu co-dhiù ìre bhunaiteach. Tha sinn ag eadar-theangachadh ar cairtean-ghnòthachais gu Gàidhlig agus tha luchd-labhairt Gàidhlig treas-phàrtaidh rim faotainn gus ar luchd-obrach a chuideachadh, mar a dh'fheumar:

#### Aonta do Phlana Gàidhlig CMAL

Chaidh dreach Plana Gàidhlig CMAL a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson measadh air 5 Sultain 2015.

## Caibideil 2

### Geàrr-iomradh air coileanaidhean 2010 gu 2015

#### Coileanaidhean agus obair a' leantainn

Tha CAML dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean agus an solar uile a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla agus gu bheil iad air an tabhann gu gnìomhach agus air an adhartachadh gu cunbhalach. Tha sinn a' strì mar chompanaidh ri taic agus adhartachadh nas fheàrr a thoirt do chànan is cultar na Gàidhlig, agus tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a tha CMAL air Gàidhlig a chleachdadh agus air cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh comasach a thaobh ar prìomh ghnìomhan gnothachais rè beatha a' chiad ath-thriall de ar plana (Ògmhios 2010 gu Ògmhios 2015). Tha e a' còmhach prìomh raointean obrachaidh leithid dearbh-aithne chorporra, soidhneachd, conaltradh leis a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làraich-lìn againn.

#### Coileanaidhean

Gnìomhan a tha sinn air a liubhairt bhon chiad phlana againn (2010 gu 2015)

#### Earrann 1 – Dearbh-aithne

##### Feallsanachd:

Tha làthaireachd na Gàidhlig anns an dearbh-aithne chorporra agus ann an soidhnichean ùghdarras phoblaich a' neartachadh faicsinneachd a' chànan gu mòr, a' meudachadh a h-inbhe agus a' toirt aithris chudromach air mar a tha luach agus aithne ga thoirt don Ghàidhlig. Is urrainn do leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an soidhnichean briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a shaidhbhreachadh, mothachadh poblach don chànan a thogail agus cur ri a leasachadh.

##### Dearbh-aithne chorporra

- Tha ar stiùiridhean brannd a-nis a' còmhach cleachdadh na Gàidhlig nar dearbh-aithne chorporra agus nar suaicheantas, 's e sin, bu chòir don tionndadh dà-chànanach a bhith air a chleachdadh an-còmhnaidh. Tha an stiùireadh stèidhichte air prionnsapalan co-cheangailte ri spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla
- Tha ar suaicheantas corporra dà-chànanach air a chleachdadh anns an t-soidhneachd againn uile, nar làraich-lìn, nar e-builleatain, taisbeanaidhean, planaichean agus pàipearachd.
- Tha aithris rùin na companaidh againn dà-chànanach agus air a cleachdadh san dà chànan far an gabh sin a dhèanamh, mar eisimpleir air an làraich-lìn againn.

##### Soidhneachd (a-staigh agus a-muigh)

- Tha sinn a-nis a' cleachdadh na Gàidhlig air an t-soidhneachd uile aig na calaidhean, a' cleachdadh Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig, a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla.
- Rinn sinn lèirmheas air na soidhnichean uile air togalaichean CMAL a thaobh cleachdadh na Gàidhlig, agus rinneadh cinnteach gu bheil iad a-nis uile dà-chànanach, a' gabhail a-steach ainmean-àite.
- Tha na soidhnichean uile sa phrìomh oifis againn ann am Port Ghlaschu a-nis ann am Beurla is Gàidhlig.
- Tha sinn uile a' dèanamh cinnteach, far a bheil CMAL ag obair a' togail, gum bi soidhnichean sealach air an cur suas san dà chuid Beurla is Gàidhlig far a bheil co-chuid sònraichte den àireamh-sluaigh ionadail a' labhairt Gàidhlig, 's e sin 20%.
- Tha ainmean dà-chànanach air na soithichean uile, a tha air an taisbeanadh gu follaiseach. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gum bi ainmean dà-chànanach ùr agus ath-ùraichte air aiseagan, a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla.

#### Earrann 2 - Conaltradh

##### Feallsanachd:

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad choinneachadh eadar buill den phoball agus an t-ùghdarras ionadail, a' meudachadh làthaireachd fhaicsinneach is osgarra a' chànan a thuilleadh air a bhith a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh air a' Ghàidhlig comasach agus di-beathte. A bharrachd air iomhaigh a' chànan a thogail, tha e a' cruthachadh chothroman airson a cleachdadh gu dèanadach agus a' brosnachadh buill den phoball gu a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an conaltraidhean às dèidh sin leis an ùghdarras ionadail.

Tha cleachdadh air a' Ghàidhlig ann an eadar-chonaltraidhean CMAL ann an litrichean, puist-d agus air a' fòn, cudromach ann an cruthachadh chothroman dèantach gus an cànan a chleachdadh agus ann an cur ris an fhaireachdainn gu bheil e comasach a cleachdadh agus gu bheil i di-beathte. Faodaidh làthaireachd na Gàidhlig ann an raon fharsaing de fhoirmean dà-chànanach agus foirmean Gàidhlig a-mhàin faicsinneachd agus cliù a' chànan a neartachadh gu mòr. Faodaidh ullachadh air tionndaidhean Gàidhlig de fhoirmean, tagraidhean agus sgrìobhainnean den leithid, cuideachadh le leudachadh a thoirt air an raon de bhriathrachas Gàidhlig agus air mothachadh luchd-labhairt na Gàidhlig don leithid sin de bhriathrachas, mar sin a' cuideachadh le leasachadh air a' chànan fhèin.

## Caibideil 2

### Geàrr-iomradh air coileanaidhean 2010 gu 2015 a' leantainn

#### Fàilteachas

- A dh'aindeoin ceangal dìreach leis a' phoball a tha glè chuibhrichte, tha sinn air ullachadh a dhèanamh don Ghàidhlig san raon fhàilteachais againn nar prìomh oifis ann am Port Ghlaschu agus air stiùireadh a thoirt don luchd-obrach ann an dèiligeadh le ceistean ann an Gàidhlig. Seach nach eil neach-labhairt Gàidhlig againn gu làithreach am measg an luchd-obrach, tha luchd-labhairt Gàidhlig treas-phàrtaidh air an comharrachadh, as urrainn ar sgiobaidhean a chuideachadh mar a bhios riatanach, agus tha liosta le am fiosrachadh conaltraidh air a sholarachadh don luchd-obrach fàilteachais againn.
- Tha sinn air trèanadh ann am mothachadh don Ghàidhlig a thoirt don luchd-obrach uile.

#### Fòn

- Tha sinn air ullachadh a dhèanamh mu choinneamh làimhseachadh ghairmean-fòn ann an Gàidhlig – tha luchd-labhairt Gàidhlig treas-phàrtaidh air an comharrachadh againn agus tha liosta leis an fhiosrachadh aca air a sholarachadh don luchd-obrach fàilteachais againn, gus a dhèanamh comasach air gairm-fòn a chur air ais gu daoine a tha airson còmhradh ann an Gàidhlig agus dèiligeadh leis a' cheist aca ann an Gàidhlig.
- Tha an luchd-obrach a bhios a' freagairt am fòn air trèanadh fhaotainn ann am mothachadh don Ghàidhlig agus tha fios aca càite agus ciamar a làimhsicheas iad gairmean-fòn ann an Gàidhlig.

#### Postachd agus post-d

- Tha sinn air poileasaidh aontaichte a thoirt a-steach mun dòigh a fhreagrar litrichean agus puist-d ann an Gàidhlig, 's e sin dealas a thaobh litrichean Gàidhlig a fhreagairt ann an Gàidhlig an taobh a-staigh còig làithean obrach.
- Far a bheil co-chuid àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig, 's e sin còrr air 20%, tha litrichean gu coimhearsnachdan ionadail dà-chànanach agus rim faotainn ann an cruth pàipeir no tron làraich-lìn.
- Tha stuth-pàipeir a-nis a' giùlain suaicheantas dà-chànanach agus fiosrachadh conaltraidh dà-chànanach airson eadar-theangachadh Gàidhlig den stuth fhaotainn agus is e ar poileasaidh seo a fhreagairt an taobh a-staigh còig làithean obrach.

#### Coinneamhan poblach

- Tha solar againn na àite a-nis airson Gàidhlig aig coinneamhan poblach, 's e sin, far a bheilear air fios fhaighinn còig làithean ron àm aig a' char as lugha agus far a bheil iarrtas bho co-dhiù 25% den luchd-frithealaidh a tha san amharc, solaraichidh sinn eadar-theangair le Gàidhlig aig coinneamhan poblach, nuair a thèid iarraidh.
- A thuilleadh air an sin, far a bheil àireamh àrd de luchd-labhairt Gàidhlig a' còmhnaidh agus ag obair gu h-ionadail a' tighinn gun choinneamh, 's e sin còrr air 30%, tha stuthan taisbeanaidh agus duilleagan-làimhe uile dà-chànanach.

#### Modh Gearain

- Tha solar againn na àite cuideachd airson Gàidhlig a ghabhail a-steach do na modhan gearain againn, 's e sin, tha sinn dealasach a thaobh freagairt ann an Gàidhlig an taobh a-staigh còig làithean do ghearanan uile a gheibhear ann an Gàidhlig.

#### Earrann 3 – Foillseachaidhean

##### Feallsanachd:

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuth clò-bhuailte leasachadh na Gàidhlig a chuideachadh ann am measgachadh de dhòighean. Tha e a' cuideachadh le faicsinneachd a' chànain a mheudachadh, tha e a' neartachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-ìreil agus faodaidh e cuideachadh le briathrachas ùr a leasachadh agus briathrachas a th' ann a-cheana a neartachadh. Tha cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan a' cuideachadh le dealas ùghdarras ionadail a thaisbeanadh a thaobh fiosrachadh cudromach tro mheadhan na Gàidhlig a chur ri làimh, a thuilleadh air faicsinneachd agus inbhe a' chànain a neartachadh. Mar a bhios barrachd dhaoine ag inntrigeadh fiosrachaidh mu ùghdarrasan ionadail tro an làraichean-lìn, faodaidh solar mu choinneamh cleachdadh air a' Ghàidhlig inbhe agus faicsinneachd a' chànain a neartachadh gu ìre mhòr.

##### Stuth clò-bhuailte

- Tha poileasaidh aontaichte againn a-nis na àite airson Gàidhlig a chleachdadh anns an stuth clò-bhuailte againn; tha seo a' gabhail a-steach stiùiridhean a thobh foillseachaidhean a thoirt gu buil ann an Gàidhlig agus Beurla mar a bhios iomchaidh, an crochadh air an t-susbaint agus air an àite far am bi iad sin air an cleachdadh (m.e. aig tachartasan le co-chuid àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig, 's e sin còrr air 20%).
- Tha na tiotalan, cinn-naidheachd, fo-chinn agus gach pàirt de Earrann a h-Aon san Aithisg Bhliadhnail againn air an riochdachadh ann an cruth dà-chànanach.



## Caibideil 2

### Geàrr-iomradh air coileanaidhean 2010 gu 2015 a' leantainn

#### Dàimhean poblach agus meadhanan

- Tha poileasaidh againn a-nis na àite airson dèiligeadh le Gàidhlig mar a tha e a' co-cheangal ri ar gnìomhachd PR agus mheadhanan.
- Tha sinn air stiùireadh a leasachadh do luchd-obrach agus do ar buidheann PR a thaobh nan suidheachaidhean far a bheil e iomchaidh brath-naidheachd ann an Gàidhlig no dà-chànanach a thoirt gu buil, 's e sin ann an sgìrean le còrr air 20% de luchd-labhairt na Gàidhlig.
- Tha sinn a' toradh e-builleatain ràitheil ann am Beurla agus Gàidhlig, a tha ri fhaotainn air an làraich-lìn againn.
- Far a bheil fiosan sanasachd poblach air an cur ann an sgìrean far a bheil co-chuid àrd de luchd-labhairt agus luchd-leughaidh na Gàidhlig ('s e sin, còrr air 20%), bidh iad sin dà-chànanach.

#### Làrach-lìn

- Tha sinn air an uimhir de shusbaint Ghàidhlig air an làraich-lìn againn a mheudachadh agus tha an làrach iomlan sgrìobhte a-nis dà-chànanach, a tha ga ùrachadh ann an co-rèir ris an làraich Bheurla. Is iad Nòtaichean gu Maraichean agus brathan naidheachd na h-earrannan nach eil air an eadar-theangachadh gu Gàidhlig gu h-àbhaisteach, agus a tha air an eadar-theangachadh mar a tha mìnichte gu h-àrd nar poileasaidh airson gnìomhachd PR agus mheadhanan.

#### Taisbeanaidhean

- Tha solar cuibhrichte againn an taobh a-staigh ar stuth adhartachaidh taisbeanaidh airson Gàidhlig a chleachdadh far a bheil seo gu bhith cleachdte ann an sgìrean le co-chuid àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig.

#### Earrann 4 – Luchd-obrach

##### Feallsanachd:

Gus seirbheisean a liubhairt tro mheadhan na Gàidhlig tha e riatanach sgilean obrach agus sgilean cànan luchd-obrach a tha a dhìth, a leasachadh. Tha solarachadh chothroman ionnsachaidh Gàidhlig don luchd-obrach a' cuideachadh le ionnsachadh Gàidhlig inbheach adhartachadh a thuilleadh air a bhith ag adhartachadh Gàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach. Bidh comharrachadh air obraichean far a bheil Gàidhlig na sgil ainmichte a' cur gu mòr ri inbhe a' chànan agus ga comharrachadh mar sgil dheimhinneach a bu chòir fhaotainn.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh le bhith ag aithneachadh gum bu chòir a' Ghàidhlig a bhith ga cleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig an taobh a-staigh ùghdarrais ionadail. Tha e cudromach gun dèan ùghdarraisan cinnteach gu bheil Gàidhlig na fìor riatanas obrach, ge b' oil leis an ìre de sgilean air a bheil feum. Bu chòir do dh'ùghdarraisan gabhail ri slatan-tomhais cothromach agus an cur an sàs gus a dhèanamh cinnteach gum bi fastaidhean gan dèanamh anns gach cùis air bunait chothromach is chunbhalach, a bhios a' nochdadh nam feumalachdan sgilean a tha comharraichte don dreuchd.

#### Trèanadh

- Tha sinn air sgrùdadh a dhèanamh air an luchd-obrach uile a tha air am fastadh le CMAL gus ìrean làithreach de mhothachadh don Ghàidhlig a chomharrachadh. Tha seo air a thaisbeanadh nach eil gu làithreach, neach-labhairt Gàidhlig sam bith am measg luchd-obrach CMAL a tha stèidhichte ann am Port Ghlaschu.
- Tha sinn a' solarachadh trèanadh don luchd-obrach gach bliadhna ann am mothachadh don Ghàidhlig.

#### Cànan agus ionnsachadh

- Tha sinn air poileasaidh a thoirt a-steach gus trèanadh sa Ghàidhlig le luchd-trèanadh barantaichte, a thairgsinn do luchd-obrach. Faodaidh luchd-obrach tagradh a-nis airson an trèanadh seo mar phàirt de an leasachadh phearsanta.

#### Trusadh

- Tha poileasaidh againn a-nis ma tha feum air ìre àraid de sgilean Gàidhlig airson dreuchd, gum bi seo air a shònrachadh ann an stuth trusaidh agus cuirear a-mach sanas obrach dà-chànanach. Gu ruige seo, chan eil dreuchdan sam bith air a thighinn am bàrr aig a bheil feum air Gàidhlig mar phrìomh sgil.

#### Sanasachadh

- Far a bheil fiù tuigse bhunaiteach don Ghàidhlig na pàirt de thuirisgeul obrach, bidh an dreuchd seo air a sanasachadh gu dà-chànanach.

## Caibideil 2

### Geàrr-iomradh air coileanaidhean 2010 gu 2015 a' leantainn

#### Obair a' leantainn

Gnìomhan nach do chuireadh an aithne gu h-iomlan fhathast

Tha na gnìomhan a leanas a' leantainn air adhart agus chan eil iad air an toirt gu bith gu h-iomlan fhathast mar thoradh air adhbharan obrachail agus buidseatach. Tha CMAL dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean agus solar uile a' taisbeanadh spèis co-ionann don Ghàidhlig 's don Bheurla, air an tairgsinn gu gnìomhach 's air an adhartachadh gu cunbhalach agus gum bi na gnìomhan sin air an toirt air adhart agus air an toirt a-steach mar phrìomhachas nar plana 2016 gu 2021.

#### Earrann 1 – Dearbh-aithne

Na gnìomhan uile air an coileanadh.

#### Earrann 2 - Conaltradh

##### Modh ghearanan

- Cuiridh sinn eadar-theangachadh gu Gàidhlig air ar modh ghearanan agus cuirear e air an làraich-lìn.

#### Earrann 3 – Foillseachaidhean

##### Dàimhean poblach agus meadhanan

- Bidh 'nòtaichean gu luchd-deasachaidh' air brathan naidheachd buntainneach ag aithris gu bheil neach-labhairt Gàidhlig ri fhaotainn airson agallamhan rèidio is TBh.

##### Stuthan clò-bhuailte

- Chan eil CMAL a' toradh ach sùim glè chuibhrichte de stuth clò-bhuailte a tha air amas air a' phoball san fharsaingeachd, agus nì sinn ath-sgrùdadh air na stuthan ùra uile a thathar a' toradh gus daingneachadh am bu chòir dhaibh a bhith dà-chànanach a rèir an luchd-èisteachd, 's e sin, ma tha còrr air 30% den luchd-èisteachd air a bheilear a' cuimseachadh nan luchd-labhairt Gàidhlig, thèid tionndadh dà-chànanach a thoirt gu buil.
- Bidh stuthan corporra àrd-iomhaigheil an-còmhnaidh dà-chànanach (gu làithreach na tiotalan, cinn, fo-chinn agus tha Earrann a h-Aon uillear n-Aithisg Bhliadhnail air a thoirt gu buil ann an cruth dà-chànanach).

#### Làrach-lìn

- Chuir sinn làrach-lìn ùr an sàs san t-Samhain 2015 agus bidh sinn a' rannsachadh barrachd susbaint ioma-mheadhanan gu Gàidhlig sgrìobhte agus labhairte a chur air adhart.
- Bidh susbaint chlaistinneach anns na stuthan a th' againn a-cheana air an eadar-theangachadh gu Gàidhlig mar phrìomhachas.

#### Taisbeanaidhean

- Comharraichidh sinn barrachd dhòighean air susbaint Ghàidhlig bhuntainneach a ghabhail a-steach nar stuthan taisbeanaidh is riochdachaidh do choimhearsnachdan ionadail.

#### Earrann 4 – Luchd-obrach

##### Trèanadh

- Bidh sinn a' rannsachadh cleachdadh air trèanadh Gàidhlig air-loidhne do luchd-obrach gus an àireamh de luchd-obrach le tuigse bhunaiteach don chànan a mheudachadh.
- Bheir sinn leabhraichean le abairtean Gàidhlig don luchd-obrach.

##### Trusadh

- Thèid tagraidhean trusaidh uile a tha air an lìonadh ann an Gàidhlig, a fhreagairt ann an Gàidhlig.

## Caibideil 3

### Gnìomhan ùra san amharc

#### Plana Gnìomha

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mun t-solar Ghàidhlig a tha sinn fo fhiachaibh a sholarachadh ann am beatha a' phlana seo. Tha gach prìomh dhealas air a thaisbeanadh ann an cruth plana gnìomha a tha a' comharrachadh na bliadhna liubhairt agus an neach le uallach airson a bhuileachadh.

Tha mòran air atharrachadh ann am meud, poileasaidhean agus modh-obrach CMAL bho chaidh a' chiad Phlana Gàidhlig againn a sgrìobhadh agus aontachadh san Ògmhios 2010. Tha adhartas air a dhèanamh ann an grunn dhòighean gus bunait a stèidheachadh airson tuilleadh leasachaidh agus adhartachaidh air a' Ghàidhlig agus air seirbheisean Gàidhlig an taobh a-staigh agus le CMAL.

Tha an dàrna ath-thriall seo air ar planaichean a' togail air agus a' neartachadh nan dealasan sa chiad phlana againn.

#### Ath-thriall ùr den Phlana againn

Tha gnìomhan a bharrachd a tha rin liubhairt thar nan còig bliadhna a tha romhainn, air am mìneachadh gu h-ìosal. Tha gach aon de na prìomh gheallaidhean a bh' ann roimhe òrdaichte fo dhearbhadh, conaltraidhean, foillseachaidhean agus luchd-obrach air an còmhdach agus air an gabhail gu h-iomlan an taobh a-staigh na dòigh-obrach seo. Tha an obair a thòisichadh sa chiad ath-thriall de ar plana anns na raointean sin, air an neadachadh nar poileasaidhean obrachaidh is modhan-obrach agus leanaidh iad air adhart a' fiosrachadh ar gnìomhan 's sinn a' dol air adhart.

Gnìomh	Bliadhna				Uallach
	'16	'17	'18	'19	
<b>Dearbh-aithne / Faicsinneachd</b>					
Nearthaichidh sinn faicsinneachd na Gàidhlig ann an deachdadh ar dearbh-aithne chorporra, a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig is Beurla air bunait ùr no ath-ùrachadh.	✓	✓	✓	✓	Cuidiche Gnìomha
Cleachdaidh sinn am buidheann, Ainmean Àite na h-Alba, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil ainmean-àite air an litreachadh ceart. Ann an coimhearsnachdan far a bheil còrr air 20% den àireamh-sluaigh a' labhairt Gàidhlig, cuiridh sinn an tionndadh Gàidhlig os cionn an tionndaidh Bheurla. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil soidhneachd ùr maireannach no sealach uile dà-chànanach anns na puirt, calaidhean agus aiseagan a bhuineas dhuinn, gus dèanamh cinnteach à spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla.	✓	✓	✓	✓	Cuidiche Obrachaidhean - Calaidhean; Maignstir Chalaidean
<b>Conaltraidhean</b>					
Bheir sinn a-steach siostam nuair a bhios sinn a' foillseachadh choinneamhan poblach ann an sgìrean le co-chuid àrd de luchd-labhairt Gàidhlig (i.e. còrr air 30%) gus iarrtas a phiobrachadh ro-làimh airson làthaireachd neach-labhairt Gàidhlig aig coinneamhan iomchaidh. Far nach eil luchd-labhairt Gàidhlig ri fhaotainn, geallaidh sinn ceistean sam bith a thogadh, a fhreagairt ann an Gàidhlig às dèidh na coinneimh.	✓				Cuidiche Obrachaidhean - Calaidhean
Nithear ath-sgrùdadh air foirmean poblach uile a tha sinn a' cruthachadh ann an cùrsa ar gnothachais mus sgaoilear iad, gus a dhaingneachadh a bheil feum air tionndadh dà-chànanach, a rèir an luchd-èisteachd. Bidh an tionndadh dà-chànanach air adhartachadh gu gnìomhach air an làraich-lìn.	✓	✓	✓	✓	Cuidiche Gnìomha
Tha sinn a' cur fàilte air gach conaltradh agus gearan a gheibh sinn ann am Beurla agus Gàidhlig. Nì sinn eadar-theangachadh air ar modhan ghearanan gu Gàidhlig agus cuirear e air an làraich-lìn againn.	✓				Cuidiche Gnìomha
<b>Foillseachaidhean / obrachaidhean bho latha gu latha</b>					
Nì sinn eadar-theangachadh air ar plana trì-bliadhna gu Gàidhlig agus adhartachidh sinn an làrach-lìn againn.	✓			✓	Àrd-Oifigear
Nì sinn ath-sgrùdadh air stuthan ùra uile a thathar a' toirt gu buil, gus a dhaingneachadh am bu chòir dhaibh a bhith dà-chànanach a rèir an luchd-èisteachd i.e. iadsan air an cuimseachadh air coimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig air a labhairt le 20% no barrachd den àireamh-sluaigh ionadail. Bidh foillseachaidhean àrd-iomhaigheil (m.e. an Aithisg Bhliadhnail) an-còmhnaidh dà-chànanach.	✓	✓	✓	✓	Cuidiche Gnìomha
Comharraichidh sinn barrachd dòighean air Gàidhlig adhartachadh tro ar gnìomhachd chorporra làitheil / cunbhalach PR agus mheadhanan.	✓	✓	✓	✓	Àrd-Oifigear
Leanaidh sinn air adhart gu leantainneach a' foillseachadh a' phlana seo a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne, a' gabhail a-steach iomraidhean air ar brathan naidheachd ann an 'nòtaichean do luchd-deasachaidh'.	✓	✓	✓	✓	Cuidiche Gnìomha
Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan poblach eile le Planaichean Gàidhlig gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sinn uile co-thaobhach, a' gabhail a-steach companaidh Seirbheis Aiseig Chluaidh is Innse Gall.	✓	✓	✓	✓	Àrd-Oifigear
Meudaichidh sinn an t-susbaint Ghàidhlig air an làraich-lìn againn, a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig is Beurla.	✓				Cuidiche Gnìomha
Cuiridh sinn ris tagaichean meatadàta Gàidhlig gus innse mu shusbaint Ghàidhlig air fhoillseachadh air an làraich-lìn againn, oir tha seo a' ceadachadh do ar fuincsean rannsachaidh agus einnsean sgrùdaidh a-muigh an t-susbaint Ghàidhlig againn a lorg.	✓				Cuidiche Gnìomha
Rannsaichidh sinn mar a bheir sinn a-steach susbaint Ghàidhlig ioma-mheadhanan air an làraich-lìn againn gus eòlas luchd-tadhail air an làraich a neartachadh tro chliopan claitinneach agus bhidiothan. Bidh an t-susbaint seo air a ghabhail a-steach far a bheil e freagarrach agus taobh a-staigh ar buidseit airson na làraich. Tha seo a' cuideachadh leis a' chànan labhairte adhartachadh.	✓				Cuidiche Gnìomha
Comharraichidh sinn tuilleadh dhòighean air susbaint buntainneach Ghàidhlig a ghabhail a-steach nar stuthan taisbeanaidh do choimhearsnachdan ionadail.	✓				Cuidiche Obrachaidhean - Calaidhean
<b>Luchd-obrach</b>					
Bheir sinn taic do luchd-obrach a tha airson Gàidhlig ionnsachadh an dà chuid gu h-ionmhasail agus tro chead air ùine ionnsachaidh. Bithear a' deasbad mu riatanasan trèanaidh a bharrachd ann an seiseanan PDP.	✓	✓	✓	✓	Cuidiche Gnìomha
Mar phàirt de ar pròiseas ath-sgrùdadh coileanaidh PDP, bidh sinn a' liubhairt prògram leantainneach de mhothachadh don Ghàidhlig agus trèanadh don luchd-obrach againn uile.	✓	✓	✓	✓	Cuidiche Gnìomha
Solaraidh sinn stuthan trèanaidh cànan don luchd-obrach, mar a dh'iarrar.	✓				Cuidiche Gnìomha
Cumaidh sinn seisean coitcheann don luchd-obrach uile mu mhothachadh don Ghàidhlig, air an latha ro-innleachd bhliadhnail againn do luchd-obrach.	✓	✓	✓	✓	Cuidiche Gnìomha

## Caibideil 4

### Buaidhean Poileasaidh don Ghàidhlig: Buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

#### Buaidhean poileasaidh don Ghàidhlig

Tha CMAL a' tuigsinn gum bi na diofar raointean prìomhachais a chaidh a chomharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, air am buileachadh sa chiad àite tro ar Plana Gàidhlig, ach gum bi cothroman a' tighinn am bàrr bho àm gu àm airson an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro cheumannan poileasaidh a th' ann a-cheana. Bidh CMAL a' sgrùdadh dealasan poileasaidh làithreach gus raointean a chomharrachadh far am faodar Gàidhlig a ghabhail a-steach gu for-ghnìomhach agus prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh tro dhòighean a bharrachd. Tha sinn a' faicinn an leasachaidh seo ann an co-rèir ris a' phrionnsapal àbhaisteachaidh, a tha ag amas air a' Ghàidhlig a ghabhail a-steach mar phàirt den bheatha làitheil ann an Alba.

Ann an cumadh, ath-nuadhachadh agus treòrachadh poileasaidhean, bidh sinn a' dèanamh cinnteach gum bi na buaidhean air a' Ghàidhlig ann an co-rèir ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

#### Dealas a thaobh cinn-uidhe Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha CMAL dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Nàiseanta air a chur an gnìomh, agus anns an earrainn seo tha sinn a' mìneachadh mar a choileanas sinn an t-amas sin. Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' comharrachadh ceithir taobhan eadar-cheangailte de leasachadh cànan leis a bheil e riatanach dèiligeadh, agus air an taobh a-staigh dhiubh a' mìneachadh àireamh de raointean gnìomha prìomhachais.

##### 1. Togail cànan

Tha CMAL a' tuigsinn gu bheil feum aig seasmhachd na Gàidhlig san àm ri teachd air barrachd dhaoine ag ionnsachadh a' chànan agus gum feumar aire a chuimseachadh air an dachaigh, foghlam agus ionnsachadh inbheach mar phrìomh mheadhan air seo a choileanadh. Ged nach eil brosnachadh Gàidhlig san Dachaigh agus Gàidhlig ann am Foghlam a' tighinn a-steach

do raon-dleistanais CMAL, tha sinn ag aithneachadh gu bheil dòighean anns am faod ar gnìomhachd cuideachadh sna raointean sin. Bidh sinn a' gabhail nan ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh a bheir fàs air an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.

- Tro ar geallaidhean a thaobh leudachaidh air an t-susbaint Ghàidhlig air an làraich-lìn, cuiridh sinn ri meudachadh cleachdaidh air a' Ghàidhlig san dachaigh le bhith ga dhèanamh comasach do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig barrachd chothroman fhaotainn air goireasan.
- Gàidhlig ann an Ionnsachadh Inbheach – solaraidhidh CMAL cothroman do luchd-obrach ionnsachadh Gàidhlig a ghabhail os làimh, ma thèid iarraidh le ball den luchd-obrach.

##### 2. Cleachdadh cànan

Tha CMAL a' tuigsinn gu bheil cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd ag iarraidh, chan e a-mhàin meudachadh air an àireamh de dhaoine le comas air an cànan a labhairt, ach cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar an dòigh conaltraidh as fheàrr leotha agus as nàdarraiche dhaibh ann an raon fharsaing de gnìomhachdan làitheil a tha a' sìor fhàs.

- Gàidhlig ann an Coimhearsnachdan - le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ar soidhneachd chorporra agus ar stuthan margaidheachd dà-chànanach, agus far a bheil e iomchaidh gum bi coinneamhan air an conaltradh a' cleachdadh na Gàidhlig.
- Gàidhlig san Àite-obrach – taic a chur ri luchd-obrach gu tuilleadh ionnsachadh mu chànan is cultar na Gàidhlig.
- Gàidhlig anns na Meadhanan – a' freagairt nam meadhanan ann an Gàidhlig far a bheil sin iomchaidh, agus solarachadh soidhneachd don phlana Ghàidhlig againn.
- Gàidhlig anns na h-Ealain – chan eil buidseat urrasachd aig CMAL gu làithreach, agus mar sin chan eilear a' toirt urrasachd do thachartasan.
- Gàidhlig ann an Turasachd, Dualchas agus Cur-seachadan - le bhith ag adhartachadh na Gàidhlig tro ainmean phuirt is aiseagan

## Caibideil 4

### Buaidhean Poileasaidh don Ghàidhlig: Buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' leantainn

#### 3. Inbhe cànan

Tha CMAL a' tuigsinn gu bheil inbhe cànan fo bhuidh a làthaireachd san àrainneachd làitheil agus an ìre gu bheil i air a cleachdadh, air a luach agus air a faicinn air a luach leis na h-aitreabhan sin, aig a bheil àite cudromach nar beatha làitheil.

- Deasachadh Plana Gàidhlig – foillsichidh sinn ar Plana ùr Gàidhlig air an làraich-lìn agus adhartachidh sinn e tro ar e-buileatain.
- Cruthachadh ìomhaigh dheimhinneach don Ghàidhlig – le bhith ag adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig agus tuigse do chultar na Gàidhlig.
- Meudachadh faicsinneachd na Gàidhlig – le bhith a' sgaoileadh brathan naidheachd dà-chànanach, buileatain agus ar n-Aithisg Bhliadhnail, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine air an dèanamh mothachail don Ghàidhlig.

#### 4. Corpas Cànan

Tha CMAL a' tuigsinn an fheum air buntainneachd agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cudromachd a bhith a' goireasachadh sheirbheisean eadar-theangachaidh agus ag adhartachadh rannsachaidh air a' chànan.

- Leasachadh air litreachadh, briathrachas agus ainmean-àite na Gàidhlig – bidh sinn a' dèanamh cinnteach gun cleachd sinn Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig 2009 (GOC) nuair a thathar a' comharrachadh an eadar-theangachaidh cheart air na h-ainmean-àite uile agus a' leantainn air adhart a' dèanamh cinnteach gu bheil ainmean ar puirt agus ar soithichean dà-chànanach.
- Eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachadh na Gàidhlig – nì sinn cinnteach gum bi gach litir a gheibh sinn ann an Gàidhlig air a freagairt ann an Gàidhlig an taobh a-staigh còig làithean.
- Gàidhlig ann an suirbhidhean agus rannsachadh – bidh sinn a' dèanamh cinnteach, nuair a thathar a' ruith shuirbhidhean, gum bi iad rim faotainn ann an Gàidhlig, ma bhios sin iomchaidh.
- Coileanadh sinn in-sgrùdaidhean air mothachadh don Ghàidhlig agus sgilean Gàidhlig tarsainn an luchd-obrach againn.

## Caibideil 5

### Buileachadh agus Sgrùdadh

#### Clàr-ama

Fuirichidh am Plana Gàidhlig seo gu foirmeil ann an gnìomh airson ùine de chòig bliadhna bhon cheann-latha seo no gus am bi plana ùr air a chur na àite. Ann an Caibideil 2 – Geàrr-iomradh air coileanaidhean agus obair a' leantainn agus Caibideil 3 – Gnìomhan ùra san amharc, tha sinn air clàr-ama a stèidheachadh mu choinneamh an ama a tha sinn a' sùileachadh dealasan sònraichte a thoirt gu buil.

#### Foillseachadh a' phlana

Bidh Plana Gàidhlig CMAL air fhoillseachadh gu dà-chànanach air an làraich-lìn againn. A thuilleadh air an sin, bidh sinn:

- a' sgaoileadh brath naidheachd dà-chànanach ag ainmeachadh a' phlana.
- lethbhric den phlana rim faotainn ann an ionad fàilteachais ar n-aon oifis rianachd phoblach ann am Port Ghlaschu.
- a' cur a' phlana an aithne do luchd-obrach tro eadra-lìon sgioba-obrach CMAL.
- a' togail mothachadh don Phlana tro na meadhanan sòisealta agus an e-buileatain againn.
- a' sgaoileadh lethbhric den Phlana gu buidhnean Gàidhlig.
- a' sgaoileadh lethbhric den phlana gu buidhnean eile agus daoine fa leth le ùidh, le an iarraidh.

#### Ullachadh rianachdail do buileachadh ar Plana Gàidhlig

Tha am plana seo mar phoileasaidh CMAL agus tha e air aontachadh leis an àrd-sgioba stiùiridh againn agus le buill a' Bhùird Gnìomha.

#### Uallach Iomlan:

Bidh an t-Àrd-Oifigear cunntachail aig deireadh cùise airson a dhèanamh cinnteach gun liubhair CMAL na geallaidhean a tha mìnichte sa Phlana seo.

## Caibideil 5

### Buileachadh agus Sgrùdadh a' leantainn

#### Buill Luchd-obrach fa leth:

Comhairlichidh sinn luchd-obrach mu shusbaint a' phlana agus na buaidhean co-cheangailte ri seo a thaobh an gnìomhachd làitheil, tron eadra-lìon againn. Cumar seiseanan mothachaidh is trèanaidh luchd-obrach gus am plana seo a chonaltradh agus a dhèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach mothachail do an dleastanasan agus mar a lorgas iad taic ann an liubhairt a' phlana seo.

#### Seirbheisean air an liubhairt le treas phàrtaidhean:

Tha nòtaichean stiùiridh aig CMAL mu an dleastanasan fon Phlana Ghàidhlig dhaibhsan a tha a' liubhairt sheirbheisean às ar leth. Fiosraichidh sinn an com-pàirtichean, luchd-ceannach agus an solaraidhean mun phlana tro ar teirmean is cumhachan agus tron làraich-lìn againn, agus an uair sin brosnaidhidh sinn iad gu bhith ag obrachadh ann an co-thaobh ris na gnìomhachdan a tha mìnichte.

#### Goireasachadh a' phlana

Tha CMAL taingeil airson na taic a fhuair sinn bho Bhòrd na Gàidhlig ann an liubhairt mòran de na cinn-uidhe a tha comharraichte sa phlana seo. A' dol air adhart, riaraidhidh CMAL buidseat airson a dhèanamh cinnteach gu bheil gnìomhan a tha gun an rèiteachadh air an liubhairt ann an co-rèir ris a' phlana seo.

#### Sgrùdadh air buileachadh a' phlana

Bheirear fiosrachadh às ùr don Bhòrd Gnìomha gach sia mìosan gus fiosrachadh a sholarachadh air mar a tha CMAL a' buileachadh dealasan a' phlana. Cuirear aithisg sgrùdaidh a-steach gach bliadhna gu Bòrd na Gàidhlig.

## Fiosrachadh

Is e an t-àrd-oifigear le uallach obrachail airson coimhead thairis air deasachadh, liubhairt agus sgrùdadh Plana Gàidhlig CMAL:

Kevin Hobbs  
Àrd-Oifigear  
Stòras Mara Cailleanach Earranta  
Togalaichean Comhairle  
Sràid Fore  
Port Ghlaschu  
PA14 5EQ

01475 749 933  
kevin.hobbs@cmassets.co.uk

Bu chòir do cheistean mu obrachadh làitheil a' phlana a bhith air an cur gu:

Chris Kane  
Cuidiche Gnìomha  
Stòras Mara Cailleanach Earranta  
Togalaichean Comhairle  
Sràid Fore  
Port Ghlaschu  
PA14 5EQ

01475 440 057  
chris.kane@cmassets.co.uk

